



6 Sultain 2024

AITHRIS POILEASaidh Bhòrd na Gàidhlig – A' Làimhseachadh Dàta Pearsanta Air Adhbharan Rannsachaidh

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh obair rannsachaidh gu tric co-cheangailte ri leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig, agus mar phàirt de na gnìomhan sin bidh e a' cruinneachadh agus a' làimhseachadh dàta pearsanta air diofar adhbharan.

Tha an aithris poileasaidh seo a' mìneachadh nan dìonan a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cur an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil an dàta pearsanta a thèid a chruinneachadh ann an obair rannsachaidh air a chruinneachadh agus an uair sin air a làimhseachadh ann an dòigh a tha a gèilleadh ri laghan dìon dàta iomchaidh.

A' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta

Tha sanasan prìobhaideachd mu obair rannsachaidh rim faighinn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig. Bu chòir dhaibh sin a bhith air an toirt gu aire an fheadhainn a tha an sàs ann am pròiseactan rannsachaidh leis a' bhuidhinn no leis an neach a tha a' dèanamh rannsachadh às leth Bòrd na Gàidhlig.

Far a bheil feum air aonta gus dàta pearsanta a chruinneachadh, tha e an urra ris an neach a tha a' faighinn an dàta phearsanta gus an t-aonta sin fhaighinn aig an àm a thathar a' cruinneachadh an dàta phearsanta, agus tha e an urra riutha cuideachd fianais air an aonta seo a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig leis an dàta rannsachaidh agus toraidhean sam bith eile den phròiseact.

Toraidhean Rannsachaidh

Glèidhidh Bòrd na Gàidhlig toraidhean an rannsachaidh (a' gabhail a-steach seataichean-dàta) gu h-iomlan, mar a tha air a mhìneachadh anns na sanasan prìobhaideachd air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd. Faodaidh buidhnean (a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach buidhnean, comainn, luchd-malairt aonair agus daoine fa leth eile a tha a' dèanamh an rannsachaidh airson adhbharan an stiùiridh seo) cur a-steach airson cothrom fhaighinn air aithisgean agus stòran-dàta slàn le bhith a' dèanamh aonta co-roinn dàta le Bòrd na Gàidhlig. Bithear a' dèanamh nan aontaidhean seo a rèir toil a' Mhanaidsear Rannsachaidh agus Planaidh Corpais a-mhàin, a gheibh comhairle bhon Oifigear Dìon Dàta nuair a bhios feum air seo. Faodaidh buidhnean a nì aonta co-roinn dàta le Bòrd na Gàidhlig an dàta a chaidh a thoirt seachad a chleachdadh airson nan adhbharan a chaidh aontachadh a-mhàin.

Foilseachadh

Tha e a' fàs nas fhasa daoine aithneachadh bho bhith a' dèanamh tar-iomradh air fiosrachadh eile a tha ga chur san raon phoblach. Gus daoine a tha nan cuspairean dàta a dhìon gu h-iomchaidh, bidh na riaghailtean a leanas an sàs airson dàta pearsanta co-cheangailte ri gnìomhan rannsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig:

- Thèid an dàta pearsanta air fad (fiosrachadh sam bith às an gabhadh neach beò aithneachadh) a sguabadh às bho aithisgean mura h-eil cead soilleir ann gu fhoillseachadh. Feumaidh an t-aonta a bhith a rèir riathanasan Riaghailt Coitcheann Dìon Dàta na RA agus feumaidh aonta thighinn bhon neach ris a bheil an dàta pearsanta a' buntainn. Cha tèid dàta pearsanta sam bith fhoillseachadh a tha a' buntainn gu dìreach ri pàiste (neach nas òige na 16 bliadhna a dh'aois);
- Mar as trice thèid stòran-dàta a tha gu bhith air am foillseachadh a chur ann an cruth gun urra. Ma thèid an dàta a chur ann an cruth gun urra, tha seo a' ciallachadh nach gabh na daoine a ghabh pàirt aithneachadh bhon t-seata-dàta. Mas e is nach eil tar-iomradh ann eadar na seataichean-dàta far a bheil na h-àireamhan le feart sònraichte sam bith nas ìsle na 5, thèid seo a dhubhadh às far a bheil an dàta a' buntainn ri pàiste, ris an fheadhainn a tha fhathast ann am foghlam bun-sgoile no àrd-sgoile, no ri daoine a tha nan cuspairean dàta a tha fo ìrean cunnart nas àirde. Far a bheil tar-iomradh eadar seataichean-dàta, thèid beachdachadh orra cùis air chùis.
- Ann am beagan shuidheachaidhean, dh'fhaodte gum biodh e ceadaichte ainmean-brèige a chur air an seata-dàta. Tha seo a' ciallachadh gun tèid ainm-brèige no còd a chur an àite fios às an gabhadh daoine aithneachadh gu pearsanta. Bu chòir toirt fa-near gu bheil fhathast a' meas fiosrachadh le ainmean-brèige mar dhàta pearsanta fo laghan dìon dàta agus mar sin gum feum an dàta seo cumail ris a h-uile taobh den reachdas, a' gabhail a-steach gum feum bunait laghail a bhith ann airson an làimhseachaidh air fad gus an tèid an dàta fhoillseachadh. Ged a bhios e comasach dhan luchd-rannsachaidh an com--pàirtiche aithneachadh fhathast, cha bu chòir dha a bhith comasach do dhaoine eile aig a bheil cothrom air an dàta agus toraidhean an rannsachaidh an aithneachadh. Bu chòir a bhith gu sònraichte faiceallach nuair a thathar a' cleachdadh ainmean-brèige: tha toraidhean rannsachaidh a tha a' toirt cunntas air mòran fheartan no mion-fhiosrachaidh co-theacsail mu neach buailteach leigeil le neach a bhith air aithneachadh bhon cho-theacsa agus bho na factaran a-mhàin. Ann an eisimpleirean mar seo, chan eilear a' meas gu bheil am fiosrachadh fo ainm-brèige, agus mas e is gu bheil am fiosrachadh gu bhith air fhoillseachadh, bidh aonta a dhìth gus sin a dhèanamh.
- Bithear a' beachdachadh air dàta treas pàrtaidh sam bith a thèid a chruinneachadh san aon dòigh a thaobh a bhith ga chur ann an cruth gun urra no a bhith a' cleachdadh ainmean-brèige. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, far a bheil iomradh air treas pàrtaidhean, bidh seo mar thoradh air com-pàirtichean rannsachaidh a' toirt iomradh orra agus mar sin cha bhi aonta agaibh gus am fiosrachadh mu dheidhinn nan treas pàrtaidhean a chleachdadh. Faodar an dàrna cuid aonta fhaighinn no a bhith a' cur cruth gun urra air fiosrachadh pearsanta sam bith mu threas pàrtaidhean.
- Is ann ainneamh a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cruinneachadh dàta pearsanta ann an roinnean sònraichte ann an obair rannsachaidh ged a bhios e a' cruinneachadh cuid uaireigin airson a bhith a' gèilleadh ri reachdas co-ionannachd. Thèid clàran dàta airson an t-seòrsa fiosrachaidh seo a làimhseachadh mar sheòrsa dàta le ìre cunnairt nas àirde agus cha tèid seataichean-dàta sam bith co-cheangailte ris an t-seòrsa feart seo fhoillseachadh far a bheil am figear nas ìsle na 10.

Stiùireadh Dìon Dàta – Cleachdaidhean Rannsachaidh

Nuair a thathar a' dèanamh rannsachadh tha e fìor choltach gum bi a' mhòr-chuid de phròiseactan a' gabhail a-steach cruinneachadh fiosrachadh agus dàta pearsanta (canar dàta pearsanta ri seo uile san sgrìobhainn seo) a tha air a riaghladh le laghan dìon dàta, gu sònraichte Riaghailt Dìon Dàta Coitcheann na RA (UK GDPR) agus Achd Dìon Dàta 2018 (DPA 18).

Far a bheilear a' cruinneachadh agus a' làimhseachadh dàta pearsanta, feumar cumail ri laghan dìon dàta agus Còdan Cleachdaidh buntainneach sam bith co-cheangailte ris tron phròiseact rannsachaidh air fad. Bu chòir toirt fa-near nach eil fiosrachadh agus dàta a tha an da-rìribh gun urra a' tighinn taobh a-staigh raon-ùghdarras an reachdais ach gus an deuchainn a choileanadh, feumaidh e a bhith do-dhèante daoine fa leth ath-aithneachadh. Bu chòir toirt fa-near cuideachd gu bheilear a' meas gur e làimhseachadh dàta a th' ann a bhith a' cur cruth gun urra air dàta pearsanta agus mar sin feumaidh an fheadhainn mu bheil an dàta pearsanta a thèid a chur ann an cruth gun urra a bhith mothachail air an dòigh anns an tèid an dàta pearsanta aca a làimhseachadh.

Nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnidhean mu mar a làimhsichear dàta pearsanta, tha dà cheist air am feumar beachdachadh:

- a. A bheilear a' cruinneachadh dàta pearsanta?
- b. Ma thathar a' cruinneachadh dàta pearsanta, a bheil e reusanta anns a h-uile suidheachadh a bhith ga phròiseasadh airson adhbharan an rannsachaidh?

Dè a th' ann am fiosrachadh no dàta pearsanta?

Bu chòir fiosrachadh no dàta sam bith a chruinnicheas companaidh no buidheann fhad 's a tha iad a' dèanamh rannsachadh tron ghabhadh daoine beò aithneachadh a mheas mar dàta pearsanta. Dh'fhaodte gur e fiosrachadh firinneach a tha seo mu shuidheachadh neach, mar eisimpleir fiosrachadh conaltraidh, an aois, an gnè, an sgoil a tha iad a' frithealadh, no dh'fhaodte gur e beachdan neach a th' ann.

Cuin a tha e reusanta fiosrachadh a làimhseachadh?

Ma tha thu a' dèanamh rannsachadh às leth Bòrd na Gàidhlig agus a' làimhseachadh dàta air adhbharan rannsachaidh bu chòir dhut daonnan aonta fhaighinn gus dàta pearsanta a chruinneachadh agus fhoillseachadh ach a-mhàin ma tha suidheachadh air leth ann. Tha e cudromach toirt fa-near gu bheilear a' meas rannsachadh mar adhbhar sònraichte ann an lagh dìon dàta agus mar sin, ma tha thu airson an dàta a làimhseachadh airson adhbhar eile, mar eisimpleir foillseachadh, feumaidh tu cuideachd aonta fhaighinn agus a bhith comasach air fianais fhaighinn airson an dàta a làimhseachadh airson adhbharan eile.

Far a bheil neach air aonta a thoirt seachad gum faodar an dàta aca a làimhseachadh, chan fhaodar dàta pearsanta sam bith nach eil riatanach airson adhbharan rannsachaidh a làimhseachadh, no a bhith ga làimhseachadh airson adhbhar sam bith eile seach an adhbhar ris an deach aonta a thoirt. Tha seo a' ciallachadh nach bu chòir dàta a chruinneachadh, a chlàradh no a sgrùdadh far nach eil e buntainneach gu dìreach ris a' phròiseact rannsachaidh.

Tha e comasach dàta pearsanta a làimhseachadh fo bhunaithean laghail eile ann an lagh dìon dàta, ach bu chòir comhairle a shireadh bho Bhòrd na Gàidhlig air seo daonnan.

Gus dàta pearsanta a làimhseachadh airson adhbharan rannsachaidh, feumar riatanasan eile aig GDPR na RA a choileanadh, gu sònraichte cothromachd agus follaiseachd. Tha iad seo deatamach ma tha aonta sam bith a gheibhear gu bhith a' gèilleadh ris na bun-inbhean laghail. Tha seo a' ciallachadh gum bu chòir fiosrachadh a thoirt do chom-pàirtichean sam bith mun phròiseact rannsachaidh agus mu mar a thèid an dàta pearsanta aca a làimhseachadh, agus bu chòir cuideachd innse dhaibh mu na sanasan prìobhaideachd a tha rim faighinn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig. Bu chòir clàr den fhiosrachadh a chaidh a thoirt do chom-pàirtichean aig an àm a dh'aontaich iad ri làimhseachadh an cuid dàta a chumail agus a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig.

Dè nì mi mura faigh mi aonta?

Tha Coimiseanair an Fhiosrachaidh ag aithneachadh gum faodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach bi e comasach no practaigeach aonta fhaighinn bho gach com-pàirtiche ann am pròiseact rannsachaidh, leithid pròiseactan staitistigeil mòra. Ann an suidheachaidhean mar seo, feumaidh làimhseachadh dàta pearsanta cumail ri riatanasan eile na h-Achd ged nach gabh an dàta pearsanta a chleachdadh ach airson adhbharan rannsachaidh **a-mhàin**. Gheibhear barrachd fiosrachaidh sa Chòd Cleachdaidh mu bhith a' cur dàta ann an Cruth gun Urra

Am faod mi dàta pearsanta fhoillseachadh ann an toraidhean rannsachaidh?

Faodaidh, ach dìreach ma tha aonta soilleir agad bho neach sam bith a thèid aithneachadh san fhoillseachadh. Far nach eil aonta soilleir ann, feumar an dàta gu lèir fhoillseachadh ann an cruth gun urra. Chan fheumar cead gus fiosrachadh gun urra fhoillseachadh, fiù 's far an deach a thoirt à dàta pearsanta, cho fhad 's nach gabh an dàta pearsanta a chur ri chèile às ùr is nach gabh neach ath-aithneachadh le treas phàrtaidh, a' gabhail a-steach le bhith a' cleachdadh tùsan dàta eile.

Ma chaidh do choimiseanadh no ma tha cùmhnant agaibh gus rannsachadh a dhèanamh às leth Bòrd na Gàidhlig, feumaidh tu leth-bhreac den aonta a fhuairleadh gus dàta pearsanta fhoillseachadh a thoirt dhaibh nuair a chuireas tu an aithisg dheireannach a-steach thuca. Tha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh aithriseil no fiosrachadh sam bith a bharrachd, mar eisimpleir a bhith a' gabhail a-steach dealbhan de dhaoine fa leth. Feumar a bhith gu sònraichte faiceallach a thaobh aonta bho threas phàrtaidhean sam bith a ghabhas aithneachadh bhon aithisg, mar eisimpleir daoine nach do ghabh pàirt ach a tha air an deasbad no air an comharrachadh leis an fheadhainn a ghabh pàirt.

Bu chòir toirt fa-near gum bi Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' cleachdadh nan toraidhean aig a' mhòr-chuid de phròiseactan rannsachaidh airson adhbharan seach rannsachadh far a bheil sin ceadaichte fo laghan dìon dàta.

Is dòcha nach bi fios agam daonnan an e fiosrachadh pearsanta a th' ann. Dè nì mi?

Tha Còd Cleachdaidh an ICO mu bhith a' cur dàta ann an Cruth gun Urra a' moladh gum bu chòir an deuchainn “neach-ionnsaigh brosnachail” a chleachdadh. Nan robh rùn aig treas pàrtaidh gus a dhèanamh, am b' urrainn dhaibh fiosrachadh eile a chleachdadh, is dòcha nach biodh san raon phoblach, gus faighinn a-mach cò air a bheilear a' toirt iomradh ann an toraidhean an rannsachaidh? Far a bheil seo fìor, bu chòir am fiosrachadh a mheas pearsanta agus a thoirt air falbh no a dhubhadh às mura h-eil bunait laghail ann gus a làimhseachadh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh sa Chòd Cleachdaidh mu bhith a' cur dàta ann an Cruth gun Urra

Ciamar a làimhsicheas mi dàta pearsanta nuair a bhios mi a' sgrìobhadh nan toraidhean?

Mura h-eil cuideigin air aontachadh gu soilleir gum bi iad air an aithneachadh, bu chòir fiosrachadh sam bith às an gabhadh com-pàirtiche aithneachadh a thoirt air falbh no a dhubhadh às. Fiù 's far a bheil neach air aonta foillseachaidh a thoirt seachad, feumar a bhith faiceallach gun a bhith a' gabhail a-steach dàta pearsanta a bharrachd nach eil a' buntainn gu dìreach ris an rannsachadh. Is e seo cuid den stiùireadh bhunaiteach:

- a. Mura h-eil cuideigin air aonta a thoirt seachad a bhith air an aithneachadh, na toir iomradh air an gnè nuair a bhios tu a' toirt iomradh air beachdan, smaointean, gnìomhan (e, i);

- b. Na cuir a-steach beachdan mu shuidheachadh neach mura h-eil e buntainneach dhan rannsachadh, mar eisimpleir, ma tha iad air an dreuchd a leigeil dhiubh, no na pàtrain obrach aca;
- c. Far a bheil cuideigin air aontachadh a bhith air an aithneachadh, tha e fhathast na dheagh chleachdadh iomradh a thoirt orra le bhith a' cleachdadh an tiotail obrach aca, mas e is gu bheil an dreuchd aca buntainneach dhan rannsachadh. Ma chaidh an toirt a-steach airson am beachdan no smaointean pearsanta a-mhàin agus ma tha iad air aontachadh gun tèid an aithneachadh, faodar an ainm a thoirt a-steach;
- d. **Na toir iomradh uair sam bith** air slàinte neach ann an toraidhean rannsachaidh, a' gabhail a-steach neo-làthaireachd bhon obair air fòrladh tinneis no fòrladh màthaireil. Tha seo air a mheas mar dàta pearsanta san roinn-seòrsa sònraichte agus bhiodh e na dhroch bhriseadh air laghan dìon dàta mura h-eil cumha ann airson a bhith a' làimhseachadh an dàta. Cha bu chòir dhut dàta pearsanta roinn-seòrsa shònraichte sam bith eile a ghabhail a-steach no iomradh a thoirt air dìteadh eucorach sam bith;
- e. Na cuir fiosrachadh conaltraidh airson com-pàirtichean a-steach mura h-eil iad air aonta sònraichte a thoirt seachad.

Ciamar a chuireas mi dàta pearsanta ann an cruth gun urra gus an tèid fhoillseachadh?

Tha iomadh dòigh ann gus dàta càileachdail is uimhireil a chur ann an cruth gun urra. Far a bheil toraidhean ann an cruth seataichean-dàta, thathar a' gabhail ris sa chumantas gur e deagh chleachdadh a th' ann gun a bhith a' foillseachadh seataichean-dàta far a bheil nas lugha na 10 le feart sònraichte sam bith gus nach gabh an aithneachadh. Faodar an àireamh seo atharrachadh a rèir na h-ìre de chunnart a thaobh aithneachadh daoine a tha nan cuspairean dàta. Gheibhear barrachd fiosrachaidh sa Chòd Cleachdaidh mu bhith a' cur dàta ann an Cruth gun Urra

Tha an nòta stiùiridh seo ann gus sealladh farsaing a thoirt seachad air ceistean dìon dàta airson pròiseactan rannsachaidh. Airson stiùireadh mionaideach, bu chòir do luchd-rannsachaidh coimhead ris a' Chòd Cleachdaidh mu bhith a' cur dàta ann an Cruth gun Urra.

Iomradh

Còd Cleachdadh mu bhith a' cur dàta ann an Cruth gun Urra

<https://ico.org.uk/media/1061/anonymisation-code.pdf>.

Fiosrachadh do Chom-pàirtichean Rannsachaidh

Carson a tha sinn a' dèanamh an rannsachaidh seo? [Fiosrachadh gu bhith air a chur a-steach an seo]

Dè am fiosrachadh pearsanta a chruinnicheas sinn bhon fheadhainn a ghabhas pàirt san rannsachadh?

Tha a' mhòr-chuid de na pròiseactan rannsachaidh againn a' gabhail a-steach a bhith a' cruinneachadh beagan fiosrachaidh pearsanta, a tha ro-chudromach airson soirbheas a' phròiseict. Bidh am fiosrachadh a chruinnicheas agus a chlàraicheas sinn a rèir nàdair gach pròiseact rannsachaidh fa leth. Airson cuid de phròiseactan, bidh againn ri fiosrachadh firinneach a chruinneachadh, mar eisimpleir adhartas le iomairtean sònraichte, agus airson cuid eile, thèid do bheachdan iarraidh. Airson cuid de phròiseactan cuideachd, feumaidh sinn staitistig a chruinneachadh a thèid an uair sin a sgrùdadh gus pàipearan rannsachaidh a dhèanamh.

Ciamar a làimhsicheas tu am fiosrachadh?

Nuair a tha sinn air am fiosrachadh a chruinneachadh, thèid a chleachdadh airson nan adhbharan rannsachaidh a tha air am mìneachadh gu h-àrd agus, airson a' mhòr-chuid de phròiseactan, thèid fhoillseachadh cuideachd. Thèid fiosrachadh pearsanta sam bith a thèid a chruinneachadh mar thoradh air an rannsachadh seo a làimhseachadh gu tur a rèir laghan dìon dàta agus còdan cleachdaidh iomchaidh. Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn ann an sanasan prìobhaideachd Bhòrd na Gàidhlig a tha rim faighinn air an làraich-lìn againn.

An gabh m' aithneachadh bho na toraidhean rannsachaidh?

Bidh seo a rèir a' phròiseict rannsachaidh. Far an tèid d' aithneachadh ann am foillseachadh rannsachaidh deireannach sam bith, cuiridh sinn fios thugad gu soilleir mus tòisich sinn air fiosrachaidh a chruinneachadh agus iarraidh sinn ort aonta a thoirt seachad gun tèid seo fhoillseachadh. Far a bheil sinn a' gealltainn gum bi com-pàirtichean gun urra, thèid fiosrachadh sam bith tron gabhadh d' aithneachadh a thoirt às no thèid a dhubhadh à dreachdan a tha gu bhith air am foillseachadh.

Tha sinn a' làn-thuigsinn gum faodadh an rannsachadh a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad fiosrachadh, no beachdan mu chùisean a dh'fhaodadh a bhith air am meas connspaideach no air am feumte a bhith mothachail sa bhuidhinn no san àite-obrach agad. Ma tha dragh sam bith ort mu bhith a' toirt seachad fiosrachaidh aig àm sam bith rè an rannsachaidh, na bi leisg draghan a thogail leis an neach-rannsachaidh gu dìreach no a bhith a' cur fios gu [neach-fios BnG].

Càite am faigh mi barrachd fiosrachaidh mu mar a thèid m' fhiosrachadh pearsanta a làimhseachadh?

Ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu gin de na pròiseactan rannsachaidh againn, faic na sanasan prìobhaideachd rannsachaidh againn a tha rim faighinn bhon làraich-lìn againn.

Aonta

Chaidh fiosrachadh a thoirt dhomh mun phròiseact rannsachaidh seo agus tha mi a' tuigsinn gur dòcha gum bi cuid den fhiosrachadh agus den dàta a chruinnichear bhuam na dhàta pearsanta agam mar a tha air a mhìneachadh ann an laghan dìon dàta. Tha mi a' tuigsinn cuideachd ma thèid toraidhean sam bith fhoillseachadh gum bi seo gun urra agus nach aithnichear com-pàirtichean bho seo mura h-eilear air aontachadh ris a' chaochladh. Tha mi a' tuigsinn gum faod mi m' aonta a thoirt air falbh uair sam bith.

Tha mi ag aontachadh pàirt a ghabhail sa phròiseact agus gun tèid an dàta pearsanta agam a

làimhseachadh airson adhbharan rannsachaidh.

Tha mi ag aontachadh/chan eil mi ag aontachadh gun tèid an dàta pearsanta agam fhoillseachadh. Tha mi a' tuigsinn ma bheir mi air falbh m' aonta uaireigin san àm ri teachd, gur dòcha nach bi e comasach do Bhòrd na Gàidhlig a h-uile lethbhreac a chaidh fhoillseachadh roimhe a thoirt às an raon phoblach.

Ainm Ceann-latha

Dreach <i>Version</i> <i>Number</i>	Adhbhar/ Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>
V2	Fiosrachadh a bharrachd a tha a dhìth	CNI	17/10/2022
V3	Lèirmheas	PM/LT	04/09/2024